Mamba

agus an t-eun-crogaill



An teacsa Frances Usher
Na dealbhan Stephen Lewis
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Ann an Afraga bha abhainn àlainn.
Ri taobh na h-aibhne bha craobhan àrda
agus mòran feur gorm.
Anns an abhainn bha crogall beag,
Mamba, a' fuireach.

Aon latha agus Mamba a' snàmh
sìos an abhainn chunnaic i iasg.
SNIG!
rinn Mamba
ris an iasg.

An uair sin chunnaic
Mamba muile-mhàg.
SNAG!
rinn Mamba
ris a' mhuile-mhàig.

An uair sin chunnaic Mamba eun.
SNIG!
SNAG!
SNIG!
rinn Mamba
ris an eun.





"Na dèan sin idir, Mamba!" thuirt Mamaidh agus Dadaidh Crogall. "Sin an t-eun-crogaill. 'S e caraid a th' ann. Na dèan sin idir air an eun-crogaill."

"Ach dh'ithinn e ann an aon ghrèim, SNAG!" arsa Mamba. "Sguir, chan fhaod thu sin a dhèanamh, Mamba," arsa Mamaidh Crogall.
"Seall air Dadaidh. Innsidh esan dhut dè nì thu."



Choimhead Mamba ri Dadaidh Crogall.

Chunnaic i e a' fosgladh a chraois mhòir.

Sgèith an t-eun a-steach na chraos.

"Tha Dadaidh ag ithe an eòin-crogaill," arsa Mamba.

"Chan eil e," arsa Mamaidh. "Seall a-rithist."

An uair sin chunnaic Mamba dè bha an t-eun-crogaill a' dèanamh. Bha e ag ithe nam bìdeagan beaga bìdh a bha air fiaclan Dadaidh Crogall. Cha do dh'ith Dadaidh Crogall an t-eun oir bha e a' glanadh fhiaclan dha.

"Tapadh leat eòin-crogaill," thuirt e.

"Nis Mamba, seall air Mamaidh."

Choimhead Mamba ri Mamaidh Crogall.
Chunnaic i ise a' fosgladh a craois mòir.
Sgèith an t-eun-crogaill a-steach agus ghlan
i fiaclan Mamaidh Crogall.
"Tapadh leat, eòin-crogaill," arsa Mamaidh.



"Nis fosgail fhèin do chraos," arsa Mamaidh ri Mamba.

Dh'fhosgail Mamba a craos agus sgèith an t-eun-crogaill a-steach.

Dhùin Mamba a beul le SNAG!

"Mamba! Fosgail do chraos a-nis,"
arsa Mamaidh Crogall.
Dh'fhosgail Mamba a craos agus sgèith an t-eun a-mach cho luath ris a' ghaoith.
"Chan eil mi ag iarraidh fiaclan glan agus chan eil mi ag iarraidh eun-crogaill mar charaid," arsa Mamba.

Ach aon latha chunnaic Mamba sioraf ri taobh na h-aibhne.

"Ciamar a tha thu Mamba?" dh'fhaighnich an sioraf.

"Aobh! Aobh!" arsa Mamba.

"Tha m' fhiaclan goirt."

"Nach glan thu iad san abhainn ma-thà," ars an sioraf.

Dh'fheuch Mamba sin ach bha a fiaclan fhathast goirt.

Lean Mamba oirre sìos an abhainn.
Chunnaic i sìota air bruaich na h-aibhne.
"Ciamar a tha thu Mamba?" dh'fhaighnich an sìota.
"Aobh! Aobh!" arsa Mamba.
"Tha m' fhiaclan goirt."
"Nach suath thu iad air stoc craoibhe," ars an sìota.
Dh'fheuch Mamba sin ach bha na fiaclan fhathast goirt.

Lean Mamba oirre sìos an abhainn.
Thachair i ri each-aibhne an sin.
"Ciamar a tha thu Mamba?"
dh'fhaighnich an t-each-aibhne.
"Aobh! Aobh!" arsa Mamba.
"Tha m' fhiaclan goirt."
"Glan iad le bioran ma-thà,"
ars an t-each-aibhne.
Dh'fheuch Mamba sin ach
bha na fiaclan fhathast goirt.

Lean Mamba oirre sìos an abhainn.
Bha i ag ràdh rithe fhèin nach robh a fiaclan goirt idir.
Ach cha do dh'obraich sin na bu mhotha.
Bha iad eagalach goirt.
Thug i an aire dhan eun-crogaill a' piocadh
gu h-àrd ann an craoibh.
"Ciamar a tha thu, Mamba?" dh'fhaighnich an t-eun.
"Aobh!" arsa Mamba. "Tha m' fhiaclan goirt."

Sgèith an t-eun-crogaill sìos às a' chraoibh.
"Glanaidh mise d' fhiaclan dhut," thuirt an t-eun,
"ach feuch nach ith thu mi."
"Chan ith gu dearbh," arsa Mamba.
Dh'fhosgail i a craos agus sgèith
an t-eun-crogaill a-steach.

Phioc an t-eun a h-uile fiacail a bha ann an craos Mamba agus bha iad cho glan ris an òr. Cha robh a fiaclan goirt an uair sin.

"Tapadh leat," arsa Mamba. "Nis tha mi a' tuigsinn carson a tha an t-ainm eun-crogaill ort."